

An Comunn Gàidhealach

Giblean / April 2012



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais Hs1 2DD.
www.ancomunn.co.uk Fòn 01851 703 487. Post-d: marina@ancomunn.co.uk

Facal bhon Àrd Oifigear

Chaidh gu math dhuinn leis a' chiad cuairt-litir a chaidh a sgaoileadh sa' Mhàrt 2012 agus tha mi toilichte pìos a sgrìobhadh airson an dàrna iris.

Thairis na seachdain a-chaidh, bha mi aig coinneamh Mòd Ionadail Pheairt, Aonghais & Dùn Deagh agus an uairsin coinneamh Comataidh Ionadail Mòd 2012. Ron da choinneimh sin bha Coinneamh Bhliadhna Comunn Gàidhealach Dhùn Deagh agus farpais-cheist an Inbhir Nis airson airgead a thogail dha Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014.

Bha an càirdeas aig gach coinneimh sin follaiseach le luchd saor-thoileach ag obair gu cruaidh dèanamh obair mhor dhan chànan Ghàidhlig, a' cheòl agus a' chultar anns gach àite. Ged a bha aca ri farpais an aghaidh tachartasan tarraingeach eile (chaidh an fharpais cheist a chumail an aon oidhiche ri geam ball-coise Barcelona is Chelsea!) nochd grunn dhaoine aig na coinneamhan agus tha sin mar thoradh air cho dìleas agus 's a tha iadsan a tha an-sàs unnta.

Tha an cuairt-litir seo cuideachd a' comharrachadh gu bheil sinn a' gluasad bho Sràid na h-Eagailse gu Taigh Baile an Fhàin. Leis gu bheil sinn a' gluasad tarsainn na h-aibhne bidh an càirdeas eadar sinn fhèin agus Urras Nàiseanta na h-Alba nas làidir buileach. Tha sinn gu mòr an comann taic leanntainneach na h-Urrais. Tha Sràid na h-Eaglais air a bhi na dhachaigh a' Chomunn airson iomadach bliadhna - an toiseach ann an Taigh Abertaff agus an uairsen aig 109 Sràid na h-Eaglaise. Tha sinn a-nise a' coimhead air adhart ri caibdeil ùr nur eachdraidh ann an Taigh Baile an Fhàin.

Message from the Chief Executive

The first copy of the electronic newsletter that was launched in March 2012 was well received and I am pleased to write an opening piece for the second newsletter. Over the past week I have attended a Perthshire, Angus and Dundee Provincial Mòd general meeting in Aberfeldy, followed by a meeting of the Local Organising Committee for the 2012 Mòd in Dunoon. These two meetings preceded an AGM of the Dundee Highland Society and a fund-raising quiz-night in Inverness for the 2014 National Mòd.

The goodwill at each of these meetings was tangible with hard-working volunteers making a considerable input to Gaelic language, music and culture in each locality. Despite competing with other attractive events (the quiz-night went head to head with the Barcelona v's Chelsea football match!) each of the meetings was reasonably attended and that is a testimony to the dedication of those who are involved.

This newsletter also marks our Inverness Office relocation from Church Street to Balnain House. The move across the river will strengthen our relationship with the National Trust for Scotland. We are grateful for the continuing support of the Trust. Church Street has been the home of An Comunn for many years - originally in Abertarff House and latterly at 109 Church Street. We now look forward to a new chapter in our history in the cosy surroundings of Balnain House.

Mòdan Ionadail

Thèid na Mòdan Ionadail a leanas an cumail air a' mhìos a tha romhainn. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dha gach Comataidh, farpaiseach agus a-huile duine eile a bhios an sàs anns na tachartasan seo. Feuch gun cur sibh thugainn beagan fiosrachadh ag innse mar a chaidh dhuibh!

Provincial Mods

The following Provincial Mods will be taking place over the next month or so. We would like to wish all Committee Members, Competitors and all other volunteers, the very best for each Mod. Let us know how you get on! Why not get involved with a local committee in your area?

Mòd Ionadail Sruighlea
(Stirling)
18 & 19 Cèitean (May)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/stirling>
karenfernie@googlemail.com

Mòd Ionadail Leòdhais
(Lewis)
29 Cèitean (May) gu 1 Ògmhios (June)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/lewis>
peigi@ancomunn.co.uk

Mòd Ionadail Gallaibh & Cataibh
(Caithness & Sutherland)
2 Ògmhios (June)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/sutherland-caithness>
cameronatcroick@tiscali.co.uk

Mòd Ionadail Ìle
(Islay)
2 Ògmhios (June)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/islay>
bron.currie@gmail.com

Mòd Ionadail Uibhist
(Uist)
1 & 2 Ògmhios (June)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/uist>
fiona@gn.es.net

Mòd Ionadail Loch Abair
(Lochaber)
7 & 8 Ògmhios (June)

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/lochaber>
katiealbyn1@tiscali.co.uk

Mòd Ionadail Peairt & Aonghas
(Perth & Angus)
8 & 9 Ògmhios

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/perth-angus>
sianbaldwin13@hotmail.com

Gheibhear liosta de na farpaisean, foirmean-iarrtas agus fiosrachadh mu Comataidhean na Mòdan Ionadail @ /
You can view competition details, entry forms & Committee information in the Provincial Mod section of our website @ <http://www.acgmod.org/localmods>



Mòd Ionadail Dhùn Èideann

Chaidh Mod Ionadail Dhùn Èideann a chumail air Disathairne 21mh den Ghiblean 2012 aig Àrd Sgoil Liberton, Dùn Èideann. Ghabh còrr is 280 farpaiseach pàirt ann! Bha na britheamhan a' moladh cho math 's a bha ìre Gàidhlig agus Ceòl aig na farpaisean.

Airson a' chiad uair, bha farpais camanachd ann, agus 's e sgioba bho Innis an Uillt a choisinn Cupa Mòd Dhùn Èideann airson a' chiad uair! 'S e Camanachd Dhùn Èideann a chur an farpais seo air dòigh.

Tha prògram a' Mhòid agus liosta de na farpaisich a bhuannaich ri fhaighinn aig:

www.modionadaildhuneideann.co.uk.

Mealaidh ur naidheachd!

Edinburgh Provincial Mod

The Edinburgh Local Mod took on Sat 21st April at Liberton High School. The event was a huge success with over 280 children taking part! The relaxed, family friendly atmosphere made it most enjoyable.

Many adjudicators commented on the high standard of Gaelic and music.

The Mod featured shinty for the first time with a team from Innis an Uillt winning the first Edinburgh Mod Challenge Cup! The shinty was run by Camanachd Dhun Eideann.

The full programme and list of results is on our website www.edinburghlocalmod.co.uk

Congratulations!

Ma tha sibh airson fiosrachadh mun Mhòd Ionadail agaibh a chur dhan chuairt-litir seo cuiribh fios thugainn:
If you wish to include any information about your Provincial Mod in this newsletter please email details to:

marina@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis air gluasad

Tha oifis Inbhir Nis air gluasad bho 109 Sràid na h-Eaglaise gu:

Taigh Baile an Fhàin
40 Sràid Hunndaidh
IV3 5HR

Bidh an aon àireamh fòn againn ged tha:
01463 709 705.

Feuch gun dèan sibh cinnteach gur ann gu Taigh Baile an Fhàin a chuireas sibh foirmean-iarrtais, ceòl, facail agus duaisean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo, agus chan ann gu Sràid na h-Eaglaise!

Relocation of Inverness Office

Our Inverness office has now relocated from 109 Church Street and as is now based at:

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR

The telephone number however will remain as:
01463 709 705.

Please ensure all entry forms, own choice music and trophies for this year's Royal National Mod are submitted to Balnain House and not Church Street!

Bùth a' Chomuinn air loidhne...

Tha cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig, CDs, cairtean Gàidhlig, mìosachain, leabhraichean còcaireachd agus a h-uile seòrsa rud ri fhaighinn ann am Bùth a' Chomuinn ann an Steòrnabhagh.


Cuimhnichibh gu bheil Buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh de 10% sa bhùth againn!

Bidh e comasach stuth a cheannachd bhon làrach-lìn againn anns na mìosan a tha romhainn ach ma tha sibh a' lorg Cd no leabhar sam bith, cuiribh fòn no post-dealain thugainn agus cuiridh sinn thugaibh e sa' phost!

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Shop is going online...

The An Comunn Shop will shortly be going online! You will soon be able to buy a variety of Gaelic books, Cds, calendars, greeting cards and much more via our website. Remember An Comunn members get a 10% discount on all purchases! So keep an eye on the 'Merchandise' section of the website in the coming weeks!





Tallaichean airson Mòd 2012

Tha sinn air liosta a chur ri chèile le tallaichean airson farpaisean Mòd na bliadhna seo.

Bheir seo beachd dhuibh càite am bi na farpaisean a' gabhail àite agus cuin. Ach 's

dòcha gun tèid feadhainn aca atharrachadh a-rèir co mheud a chuireas a-steach airson na farpaisean, meud na tallaichean agus mar sin air adhart.

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-2012-programme/ga>

Bidh am prògram oifigeil ri fhaighinn nas fhaisg air an àm.

Venue List Available for Mod 2012

We have made a provisional list of venues for this year's Royal National Mod competitions in Dunoon. These will give an idea of where competitions will be located and on which days.

*Please note however that **this may be subject to change** depending on competitions entries, venue size etc.*

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-2012-programme>

The official Mod programme will be available in due course.

Foirmean Iarrtas a' Mhòid

Tha foirmean iarrtas na bliadhna seo ri fhaighinn aig: <http://www.acgmod.org/nationalmod/entryform/ga> agus bu chòir dhuibh an cuir a-steach ron

31mh den Chèitean. Gheibhear cuideachd fiosrachadh mu na farpaisean, riaghailtean agus mar sin air adhart, air an làrach-lìn againn. Ach ma tha cuideachadh sam bith a dhìth oirbh, cuiribh fios gu:

Rena NicAsgaill, Rianadair a' Mhòid, air 01463 709 705 no cuiribh post-d thuice air rena@ancomunn.co.uk

Earrainnean Ainmichte

Tha Earrainnean Ainmichte na bliadhna seo ri 'n ceannachd anns na h-oifisean againn.

Tha CDs cuideachd ri fhaighinn, le ceòl agus na facail airson farpaisean na cloinne.

Ma tha sibh airson an ceannachd, cuiribh fios thugainn, agus cuiridh sinn a-mach thugaibh iad sa' phost.

Royal National Mod Entry Forms

*This year's Entry Forms are available at <http://www.acgmod.org/nationalmod/entryform> and should be submitted by **31st May**. Information about competitions, rules and so on are also available on our website. However should you require any additional information please feel free to get in touch:*

Rena Macaskill, Mod Administrator, 01463 709 705 or email rena@ancomunn.co.uk

Prescribed Pieces

You can buy the Prescribed Pieces for this year's Royal National Mod from either of our offices.

We also have CDs available with Music and spoken words for junior competitions.

If you wish to purchase any of these please get in touch and we can post them out to you.

Comataidh Ùr dha Peairt & Aonghas

Chaidh Comataidh ùr a staidheachadh bho chionn ghoirid airson Mòd Ionadail Pheairt, Aonghas agus Dùn Èideann. Tha An Comunn Gàidhealach airson fàilte a chur air buill ùr a' Chomataidh agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dhaibh airson Mòd Ionadail na bliadhna seo!

Màiri Stiùbhart – Neach-gairm
 Roger White – Iar Neach-gairm
 Gilliaìn NicDhòrnaill – Ionmhasair
 Sian Baldwin – Rùnaire
 Catriona Stiùbhart – Neach-taic a Rùnaire
 Chris Deplano – Co-òrdanaiche Meadhanan

Tuilleadh fiosrachadh bho: sianbaldwin13@hotmail.com

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/perth-angus>

New Committee for Perth & Angus

A new Committee has recently been formed for the Perth, Angus & Dundee Provincial Mod. An Comunn Gàidhealach would like to welcome all the new members onto the Committee and we wish them all the best for this year's Provincial Mod!

Mairi Stewart – Convenor
 Roger White – Vice Convenor
 Gilliaìn Macdonald – Treasurer
 Sian Baldwin – Secretary
 Catherine Stewart – Asst. Secretary
 Chris Deplano – Press Co-ordinator.

Tuilleadh fiosrachadh bho: sianbaldwin13@hotmail.com

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/perth-angus>

Bùthan-obrach do bhritheamhan

Chaidh bùthan-obrach a chumail leis a' Chomunn Gàidhealach bho chionn ghoirid airson britheamhan Gàidhlig & Ceòl. Be seo an 4mh bliadhna a chaidh na bùthan-obrach seo a chumail.

Tha seo a' toirt cothrom dhaibh coinneachadh ri chèile, taobh a-muigh a' Mhòid, airson coimhead ri cuspairean eadar-dhealaichte agus molaidhean sam bith a dhèanamh. Bha dà bhùth-obrach ann sa' mhadainn – aon a' coimhead ri cuspairean co-cheangailte ri Gàidhlig agus aon ri cuspairean co-cheangailte ri Ciùil. An uairsin feasgair, thàinig a h-uile duine aca còmhladh airson coimhead ri na dòighean is urrainn dhaibh obair còmhladh. Tha An

Comunn Gàidhealach airson a h-uile càil a dhèanamh airson misneachd agus taic a thoirt do na farpaisich nuair a tha iad a' gabhail pàirt aig a' Mhòd. Tha sinn cuideachd airson dèanamh cinnteach gu bheil na britheamhan againn a' faighinn rudeigin a-mach às cuideachd. Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt dha na britheamhan a ghabh pàirt, agus cuideachd gu Ailean Caimbeul a bh' anns a' chathair airson am bùth-obrach Gàidhlig, agus Niall Houston airson an Ciùil, agus Seònaid NicDhòrnaill, a ghabh an cathair feasgair. Tha sinn an dòchas ur faicinn a-rithist!

Adjudicator's Workshops

An Comunn Gàidhealach recently hosted workshops for our Gaelic & Music adjudicators. This is the 4th year we have staged these workshops.

The workshops give our adjudicators an opportunity to meet together, out with the Mod itself, to discuss various issues and ideas with one another and to make any recommendations for the future. Gaelic & Music adjudicators met in separate workshops in the morning, to discuss topics specific to their own field, and came together for a joint workshop in the afternoon, to explore ways they can work together.

An Comunn Gàidhealach aims to strengthen the adjudication process in any way we can in order to encourage and support competitors and also to ensure our adjudicators will gain something from the experience as well.

We would like to take this opportunity to thank all adjudicators who took part in these workshops and particular thanks to Allan Campbell and Neil Houston who chaired the Gaelic & Music workshops, and Janet Macdonald who chaired the joint workshop. We hope to see you all again in the future!



GRAND PRIZE DRAW

1ST Prize: £3, 000

2nd Prize: £2, 000

3rd Prize: £1, 000

Plus many other consolation prizes.

Draw will take place on

Friday 19th October 2012 @ Mod Dance

www.dunoonmod2012.org

Foirmean-iartais a' Mhòid / Mòd Entry Forms – 31 Cèitean / May

Pìosan Litreachais / Literary Pieces – 31 Cèitean / May

(a bharrachd air / apart from DVD / Video submissions – 30 an t-Ògmhios / June

Pìosan Fèin-thaghte / Own Choice Pieces – 30 an t-Ògmhios / June

Duaisean a thilleadh / Return of trophies – 31 Lùnastal / August

Cuimhnich!

PLEASE SEE RULES REGARDING ENTRY DEADLINES AT: <http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

Sgoil Bhàrdachd na Comraich

Tha An Comunn Ghaidhealach toilichte a bhi a' cur taic ri Sgoil Bhàrdachd na Comraich 2012, a thèid a chumail eadar an 2mh agus an 6mh den Iuchar sa Chomraich.

Bidh Sgoil Bhàrdachd na Comraich a' brosnachadh agus a' comharrachadh seanchas Albannach agus nas fhaide as na sin air Bàird Ghàidhlig, thairis air còig latha, tro sheirminearan, clasaichean agus bùthan-obrach air sgrìobhadh cruthachail.

Bidh an cùrsa a' libhrigeadh le ar n-oraidichean cliuteach tron Ghàidhlig le eadar-theangachadh mar aon ri fhaighinn do fheadhainn aig nach eil a' Ghàidhlig. Bidh Lewis Mac Fhionghuinn, a chaidh a chrùnadh mar Bàrd a' Chomuinn aig Mòd nan Eilean Siar 2011, an làthair airson pàirt a ghabhail air an t-seachdain.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig www.sgoilbhardachd.co.uk.

Applecross Bardic School

An Comunn Gàidhealach is proud to be supporting the 2012 Applecross Bardic School, which will take place between Monday 2nd and Friday 6th July in Applecross.

The Course will promote and celebrate the Gaelic Bardic Traditions of Scotland and further afield, through seminars, tutorials and creative writing workshops. The course will be delivered by our distinguished speakers in Gaelic with simultaneous translation available for non-Gaelic speakers.

This year's key speaker will be Lewis Mackinnon, a native of Nova Scotia, who was recently crowned as Bard of An Comunn Gàidhealach at the 2011 Royal National Mod in the Western Isles.

For further information please visit www.sgoilbhardachd.co.uk.

Coinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt

Chaidh Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn a chumail air an 31mh den Mhàrt 2013, ann an Tàigh Òsta MhicDhomhnaill anns an Aghaidh Mhòr, Chaidh Iain MacLeòid, Seònaid Dhomhnallach, Ailean Caimbeul, Dòmhnall Dòmhnallach agus Robin Bancs a thaghadh às leth na buill mar Stiùirichean. Chaidh taing mhòr a thoirt do Tom Mitchell airson an obair chruaidh a tha e air a dhèanamh dhan Chomunn Ghàidhealach thairis air na bliadhnaichean.

Chaidh Co-labhairt bheòthail a chumail feasgair, as dèidh a' Choinneamh Bhliadhnail. 'Be Ailean Caimbeul a bh' anns a' chathair agus fhuair sinn òraidean bho trìuir Ghàidheal òga: Raonaid Cheannadach a thaobh an obair a tha i a' dèanamh le dràma; Seumas Greumach a bhruidhinn air dualchas Ghàidhlig san sgìre aige fhèin, Assainte agus Fiona Dunn a thug dhuinn dealbh inntinneach den t-slighe a bh' aice ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Bha deasbad bheòthail againn as dèidh sin a thug cothrom dhan a h-uile duine pàirt a ghabhail sa' cho-labhairt. Bu chaomh leinn taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a bha an làthair agus a ghabh pàirt sa' cho-labhairt.

Annual General Meeting & Conference

The AGM of An Comunn Gàidhealach was held on the 31st March 2013 in the lovely surroundings of the MacDonald Resort, in Aviemore. The AGM appointed John Macleod; Janet Macdonald; Allan Campbell; Donald Macdonald and Robin Banks to serve as Directors on behalf of the Membership. Tom Mitchell was thanked for his long and loyal service to An Comunn Gaidhealach.

In the afternoon a lively Conference followed on from the AGM. The Conference was Chaired, with his usual good humour, by Allan Campbell and included lively presentations from three young Gaels: Rachael Kennedy who spoke about her studies in Drama; James Graham who spoke of the Gaelic heritage of his home district of Assynt and Fiona Dunn who provided a wonderful insight into her journey as a Gaelic learner. A lively debate followed and this ensured that everyone had the opportunity to make an input to the conference. We would like to thank those who attended and made such a strong input to the conference debate.

Mòd Phàislig 2013

Tha Mòd Phàislig gu bhith a' tòirt thugaibh Club 100 gus airgead a thogail airson Mòd 2013! Cosgaidh gach àireamh £2 sa' mhìos air a phàigheadh le òrdugh seasmhach. Ma tha ùidh agaibh pàirt a ghabhail, cuiribh fios thugainn air facebook aig: facebook/modphaislig2013, cuiridh post-d thugainn aig modphaislig2013@yahoo.co.uk no cuiribh fòn gu Ealasaid air 07535514385.

Paisley Mod 2013

Mòd Phàislig are launching a 100 Club to help raise the money to make sure we have a fantastic Mòd in 2013!
The cost will be £2 a month per number payable by standing order. If you are interested in supporting us, please message us on facebook at facebook/modphaislig2013; email modphaislig2013@yahoo.co.uk or call Ealasaid on 07535514385.

Latha Litreachas 2012 - Òigridh



Sgeulachd Ghoirid

Nach cuir sibh a-steach sgeulachd ghoirid a tha sibh air a dhèanamh sa chlas no pios sgrìobhaidh mu dheidhinn cuspair sam bith anns am bheil ùidh agaibh. Dh' fhaodadh sibh duais a bhuannachadh dhuibh fhèin agus dhan sgoil!



Prògram Rèidio

Am biodh ùidh agaibh na naidheachdan a' leughadh air an rèidio? Cuiribh prògram beag ri chèile air teip no CD agus cuiribh thugainn e... cò aig a tha fios... 's dòcha gum bidh sibh ag aithris na naidheachdan air Rèidio nan Gàidheal fhathast!

Bàrdachd

A bheil sibh math air a bhi a' sgrìobhadh bàrdachd no òrain? Nach cuir sibh dhà no trì rannan ri chèile, mu cuspair sam bith. Chan eil càil a dh' fhios nach fhaigh sibh duais air a shon aig Mòd Nàiseanta Rioghail na bliadhna seo!




Postairean

'S e dòigh gu math spòrsail a tha seo airson pàirt a ghabhail ann am farpaisean Litreachas, dha clann anns a' Bhun Sgoil agus an Àrd Sgoil. Bheil sibh math air ealain? Airson beagan fealla-dhà, nach cuir sibh postair ri chèile mu cuspair sònraichte co-cheangailte ris a Mhòd!



Prògram Bhideo no DVD

Am bu chaomh leibh a bhi air an telebhisean? Carson nach tig sibh fhèin agus caraidean còmhla gus prògram a chlàradh air DVD / bhideo mu dheidhinn cuspair sam bith. 'S dòcha gu faic sinn sibh air BBC Alba ann am bliadhna no dhà eile!



Aithisg-naidheachd

A bheil ùidh agaibh anns na naidheachdan? Ma tha nach sgrìobh sibh colbh airson pàipear-naidheachd mu dheidhinn cuspair intineach. 'S dòcha gum bidh sinn a' leughadh na h-aithisgean agaibh sna pàipearan naidheachd fhathast!



Nach cuir sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo!

Tuilleadh fiosrachadh aig: <http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

Latha Litreachas 2012 - Inbhich

Sgeulachd Ghoirid

Nach cuir sibh a-steach sgeulachd ghoirid a tha sibh air a dhèanamh sa chlas no pìos sgrìobhaidh mu dheidhinn cuspair sam bith anns am bheil ùidh agaibh. Dh' fhaodadh sibh duais airigid a bhuannachadh dhuibh fhèin!

Pìos Sgrìobhaidh

Nach sgrìobh sibh artaigil mu dheidhinn cuspair sam bith anns a bheil ùidh agaibh agus cuiribh a-steach thugainn e.



Bàrdachd

A bheil sibh math air a bhith a' sgrìobhadh bàrdachd? Nach cuir sibh dhà no trì rannan ri chèile, mu chuspair sam bith.

Dealbh-Chluich

A bheil ùidh agaibh ann an dràma? Nach sgrìobh sibh dealbh-chluich ùr airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Òran Ùr

Dè mu dheidhinn rann no dhà a sgrìobhadh agus ceòl a chur ris? Faodaidh cuideigin eile a bhith an sàs an seo còmhla ribh.

Co-sheirm air Òran

A bheil ùidh agaibh ann an ceòl? Nach cuir sibh fonn ri òran ainmichte agus cuiribh a-steach thugainn e airson cothrom duais a bhuannachadh.

Bidh cothrom ann duaisean airgead a bhuannachadh ma chuireas sibh a-steach airson farpaisean Litreachais Mòd 2012!

Tuilleadh fiosrachadh aig: <http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

Mòd 2012
Farpais Òran Ùr
New Song Competition
Compose a new Gaelic Song

An extremely attractive
1st Prize of £200

*With healthy 2nd & 3rd prizes under consideration
as we go press.... details to follow in a future newsletter!*

Ceann-là / Entry Deadline—31st May 2012

Foirmean-iarrtais / Entry Forms @ www.ancomunn.co.uk

marina@ancomunn.co.uk

Fòn / Telephone: 01851 703 487

Cinn Latha Feumail!**Cèilidh is Dannsa ann am Pòl Iù**

Disathairne 5mh Cèitean @ 7.30f

Talla Phòl Iù

Còmhlaing Iain Iòsaph Dòmhnallach

Cairistiona Cheannadach

Pòl MacCaluim

<http://www.acgmod.org/branches/detail/loch-ewe>

Dates for your Diaries!**Cèilidh Dance in Poolewe**

Saturday 5th May @ 7.30pm

Poolewe Hall

Iain Joseph Macdonald Band

Kristine Kennedy

Paul MacCallum

<http://www.acgmod.org/branches/detail/loch-ewe>

Comunn Gàidhealach Leòdhais

Coinneamh Bhliadhnail

Diardaoin 10mh Cèitean @ 8f

Seòmar 3

Comhairle nan Eilean Siar

Thèid fàilte chridheil oirbh uile!

Comunn Gàidhealach – Lewis Branch

AGM

Thursday 10th May @ 8pm

Committee Room 3

Comhairle nan Eilean Siar

All welcome!

Farpais Cheist an Inbhirnis!

Bidh Meur Inbhirnis a' cumail farpais-cheist anns an

Taigh Òsta Chieftain, 2 Sràid Allt a' Mhuillinn,

Inbhir Nis air an 22mh den Chèitean @ 7.30 – 9.30f.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh bho

Dòmhnall MacLeòid: 01463 241 340

Siubhad – cuiribh a-steach air a shon!

Inverness Quiz!

The Inverness Branch are hosting a Quiz at the

Chieftain Hotel, 2 Millburn Road, Inverness on

May 22nd @ 7.30 – 9.30pm

Further details are available from Donald MacLeod,

Tel. 01463 241340

Go on – enter a team!

Oidhche Uibhist

Club Bocsa & Fìdhlearan Uibhist

Club Dannsa Uibhist

Seinneadairean & Pìobairean às Uibhist

Fear an Taighe – Ruaridh MacNeacail

Disathairne 2mh Ògmhios 2012 @ 7.30f

Talla Green Drive, Inverness

Buffet ... Tì/Cofaidh/.....Duaisean

Ticeadan: £10 Bheir leibh botal

Ticeadan bho: 07526518961 / 07891814925 /

07777632585

A' cruinneachadh airgead airson Mòd Ionadail

Inbhirnis, an t-Ògmhios 2012

& Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014

Uist Night

Uist Accordion & Fiddle Club

Uist Dancing Club

Uist Singers and pipers

Fear an Tigh – Ruaridh Nicolson

Saturday 2nd June 2012 @ 7.30pm

Green Drive Hall, Inverness

Finger Buffet ... Tea/Coffee/.....Raffle Prizes

Admission: £10 Bring Your own Bottle

Tickets from: 07526518961 / 07891814925 /

07777632585

All proceeds go towards the running of the Inverness

Local Mod in June 2012 and

The Royal National Mod in 2014

Fiosrachadh mu mheasadh na cairte airgid

Thathas a' tuigsinn gu bheil draghan air cuid mu na h-atharrachaidhean a dh' ainmich An Comunn Gàidhealach na bu thràithe sa bhliadhna air sgeama measaidh a' Mhòid. Thig na h-atharrachaidhean seo gu buil aig Mòd na bliadhna sa agus tha e coltach gu bheil draghan air èirigh mu mheasadh an aigeallain airgid gu h-àraidh le cuid de thagraichean den bheachd gu bheil e ro dhùbhланаich dhaibh. Tha sinn airson inntinn thagraichean a chur aig fois nach eil na measaidhean cho doirbh 's a tha cuid an dùil.

Ged is e cairt airgid a dh' fheumar airson feuchainn air farpais an aigeallain airgid a-nis an àite cairt umha, chan eil am measadh fhèin air fàs nas duilghe a choileanadh, 's e bhith a' faighinn inbhe co-ionannachd agus coimeas eadar na cairtean fhèin prìomh a dh' adhbhraich an t-atharrachadh seo.

Thathas an dòchas nach cuir an t-atharrachadh seo bacadh air daoine a tha airson feuchainn air farpais an aigeallain airgid. 'S e prìomh amas a' Chomuinn Ghàidhealaich an cànan a bhrosnachadh agus barrachd dhaoine a tharraing don Mhòd gach bliadhna.

Bu chòir do dh' fharpaisich a bhios ag iarraidh cur a-steach airson farpais an Aigeallain Airgid a bhith mothachail gum feumar cairt airgid fhaighinn airson feuchainn air an fharpais seo. Thig an t-atharrachadh seo gu buil bho seo a-mach, a' ciallachadh gum feum na farpaisich aig a bheil cairt umha agus a chuir a-steach airson farpais an Aigeallain Airgid aig Mòd 2011, cairt airgid fhaighinn gus pàirt a ghabhail ann am farpais 2012 agus bho sin a-mach. Airson tuilleadh fiosrachaidh mun sgeama mheasaidh ùir, feuch an tadhail sibh air www.acgmod.org/nationalmod/gaelic-assessment neo cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach air 01463 709705. Faodar còmh-dhail a dhèanamh aig uair sam bith tron bhliadhna airson measadh Gàidhlig a dhèanamh le bhith a' cur fios chun a' Chomuinn ro-làimhe.

Mòran Taing.

Information about silver card test

We understood that some concerns have arisen about the changes that An Comunn Gàidhealach made, earlier in the year, to the Mod testing scheme. The changes come into effect at the Mod this year and it appears that concerns have arisen among potential applicants concerning the silver pendant testing and suggesting this may be too challenging a test.

We would like to reassure applicants that this test is not as difficult as some may anticipate. Although a silver card must be obtained before you can enter the silver pendant competition, the test itself has not become significantly more difficult. The jump from bronze to silver is only to ensure parity and equality of standards among the different cards.

It is hoped that this change will not discourage potential applicants from taking a test in order to take part in the silver pendant competition. An Comunn Gàidhealach's main aim is to support the language and attract more people to the Mod each year.

Prospective competitors wishing to compete for the Silver Pendant should note that a silver card will now be required to enter this competition. This change will take immediate effect and means competitors who entered the Silver Pendant at the 2011 Mòd with a bronze card will now be required to attain a silver card in order to take part in this competition from 2012 onwards.

For a full detailed description of the new Gaelic assessment scheme, please visit www.acgmod.org/nationalmod/gaelic-assessment or contact An Comunn Gàidhealach on 01463 709705. Individual appointments for Gaelic assessment can be made at anytime throughout the year by contacting An Comunn Gàidhealach.

Mòran Taing